

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
Press Release



24/05/11

**\*UPDATE \***

**Bacadh: Meadhan-oidhche, Diciadain 25<sup>mh</sup> Cèitean 2011**

**Embargo: Midnight Wednesday 25<sup>th</sup> May 2011**

**(SCROLL DOWN FOR ENGLISH VERSION)**

## Sgeama Piolait Ùr do Luchd-teagaisg

Tha dusan neach-teagaisg bho air feadh Alba a' gabhail pàirt ann am prògram trèanaidh piolait ùr a chuidicheas leis an iarrtas a tha a' sìor fhàs airson luchd-teagaisg bun-sgoile is àrd-sgoile aig a bheil Gàidhlig.

Ann an com-pàirteachas ùr eadar Bòrd na Gàidhlig agus Oilthigh Ghlaschu, tha luchd-teagaisg air ceithir latha dian a chur seachad a' faighinn ionnsachadh anns na diofar thaobhan de leasachadh cànan sa chlasrum. Tha iarrtas airson a' phrògram air a bhith barraichte agus thathar ag ullachadh mar-thà mu choinneamh an ath phrògram den t-seòrsa seo.

Tha beagan sgilean Gàidhlig aig na com-pàirtichean agus tha iad a' teagasg gu làithreach tro mheadhan na Beurla. Ach, tha an cursa seo mar chiad cheum air a bhith gan ullachadh ann an togail misneachd agus na sgilean riatanach airson teagasg tro mheadhan na Gàidhlig.

Thuirt Rùnaire an Fhoghlaim (agus Gàidhlig) sa Chabinet, Mìcheil Ruiseil: "S e naidheachd mhath dha-rìribh a tha seo do theagaisg na Gàidhlig ann an Alba. Tha mise air leth toilichte gu robh an t- iarrtas airson a chùrsa seo cho mòr, gun d' thàinig air Bòrd na Gàidhlig is Oilthigh Ghlaschu air àitichean a bharrachd a thabhairn. Tha Riaghaltas na h-Alba gu mòr air cùl saoghal a tha seasmhach agus leanntainneach dha Gàidhlig ann an Alba, agus tha 'n tuilleadh tidsearean, comasach air teagaisg tron chànan, a' toirt cothrom dhuinn Gàidhlig a chumail iomchaidh ann an Alba an latha an-diugh. Leis an t-Oll. Alasdair Allan a' toiseachadh ann an dreuchd Ministeir Ionnsachadh agus Sgilean le uallach airson Gàidhlig agus Albais, tha mi a' coimhead air adhart ri saoghal beòthail do chànan dùthchasach na h-Alba."

Tha am prògram ceithir-latha seo air cothrom a thoirt do na com-pàrtichean eòlas a chur air na structaran taic a tha rim faotainn ann am foghlam Gàidhlig, a thuilleadh air am

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
Press Release



misneachd àrdachadh agus a leudachadh airson conaltradh ann an uidheachadh clasruim. Thuirt Morna NicLeòid, Oifigear Trusaith Luchd-teagaisg aig Bòrd na Gàidhlig: "Tha an t-seachdain air a bhith air leth soirbheachail. Chomharrach Ùghdarrasan Ionadail luchd-teagaisg le beagan chomasan Gàidhlig, aig a bheil ùidh ann an teagasg tro mheadhan na Gàidhlig. Tha cothrom aig an luchd-teagaisg a fhritheil an cursa seo a dhol air adhart a-nis chun a' chùrsa STREAP, far am faod iad an cuid Gàidhlig a leudachadh gu ire a bharrachd. 'S e ceum air adhart a th' ann do luchd-teagaisg airson misneachd a bhith aca beagan Gàidhlig a chleachdad nan uidheachaidhean làithreach agus ìomhaigh na Gàidhlig a thogail nan sgoiltean fhèin agus nan roinnean cuspaireil."

Chuir Gillebride MacIleMhaoil à Oilthigh Ghlaschu ris an sin: "Bha an cursa a' cuimseachadh air leasachadh cànan a' chlasruim san fharsaingeachd còmhla ri cànan co-cheangailte ri cuspairean sònraichte. Bha a' chuimse aig toiseach cuise air labhairt a' chànan gus am fairicheadh luchd-teagaisg cofhurtail nam biodh iad ann an uidheachadh far am faodadh iad beagan Gàidhlig a chleachdad leis na h-oileanaich aca."

## Deireadh

### Notaichean:

**Bidh na leanas rim faotainn, an dèidh fios ro-làimh, airson agallamhan TBh, Rèidio agus Clò aig 16.00 Diciadain 25/05/2011 anns An Lèanag, Ionad Gàidhlig Ghlaschu, 22 Sràid Achadh a' Mhansa, Partaig, Glaschu G11 5QP :**

Morna NicLeòid, Oifigear Trusaith luchd-teagaisg, Bòrd na Gàidhlig  
Gillebride MacIleMhaoil / Sheila Kidd, Roinn na Ceiltis, Oilthigh Ghlaschu  
Kirsteen NicLlinnein – Neach-teagaisg, Acadamaidh Inbhir Pheofharain  
Chris Pendergast – Neach-teagaisg, Àrd-Sgoil Clevedon

**Gus agallamh fiolmaidh/ claraidh a chur air dòigh, cuiribh fios gu Steven MacIomhair, Oifigear Conaltraidh is Corporra, Bòrd na Gàidhlig.**

**Post-d: steven@gaidhlig.org.uk      Fòn-làimhe: 07557 481 081**

'S e prògram air-loidhne a th' ann an STREAP a tha air a ruith le Oilthigh Obar Dheathain, airson taic a chur ri Teagaisg tron Ghàidhlig. Chaidh an cursa a dhealbhadh le Sabhal Mòr Ostaig, ann an com-pàirteachas ri Oilthigh Obar Dheathain agus Cànan.

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
Press Release



## New Pilot Scheme for Teachers

Twelve teachers from across Scotland are taking part in a unique pilot training programme to assist with the increased demand for Gaelic-speaking primary and secondary school teachers.

In a new partnership between Bòrd na Gàidhlig and Glasgow University, the teachers have spent a concentrated four days being taught various aspects of language development in the classroom. Demand for the programme has been overwhelming and preparations are already underway for it to be repeated.

The participants have some Gaelic language skills and are currently teaching through the medium of English. However, this course is the first step in preparing them to acquire the necessary skills and confidence to teach through the medium of Gaelic.

Cabinet Secretary for Education (and Gaelic) Michael Russell said: “This is excellent news for the teaching of Gaelic in Scotland. I am particularly pleased to see that demand for the scheme was so high that Bòrd na Gàidhlig and Glasgow University have created more places on it. The Scottish Government is committed to a secure and sustainable future for Gaelic in Scotland and having more teachers able to teach in this medium will help ensure we can keep Gaelic relevant in a modern Scotland. With Dr. Alasdair Allan taking post as Minister for Learning and Skills with responsibility for Gaelic and Scots, I am looking to a vibrant future for traditional Scottish languages.”

The four day programme has familiarised the participants with the support structures available in Gaelic education, as well as enhanced and extended their confidence to communicate in a classroom situation. Morna MacLeod, Teacher Recruitment Officer at Bòrd na Gàidhlig said: “The week has been a tremendous success. Local Authorities identified teachers with some Gaelic language, who are interested in teaching through the medium of Gaelic. The teachers who attended the course now have the opportunity to progress to the STREAP course where they can extend their Gaelic language even further. It’s a step forward for teachers to have the confidence to use some Gaelic in their current situations and raise the profile of Gaelic in their own schools and subject areas.”

Gilbert MacMillan from Glasgow University added: “The course focussed on developing general classroom language as well as some language specific to subjects. The initial focus was on spoken language so that the teachers would feel confident if they were in a situation where they could use some Gaelic language with their students.”

## Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



**END**

**Notes:**

**The following will be available, by arrangement, for TV, Radio and Print interviews at 16.00 on Wednesday 25/05/2011 at An Lèanag, Glasgow Gaelic Centre, 22 Mansfield Street, Partick, Glasgow. G11 5QP :**

Morna Macleod, Teacher Recruitment Officer, Bòrd na Gàidhlig  
Gilbert MacMillan / Sheila Kidd, Celtic Dept, Glasgow University  
Kirsteen MacLennan –Teacher, Dingwall Academy  
Chris Pendergast –Teacher, Clevedon High school

**To arrange interview/filming/recording, please contact Steven MacIver, Communications and Corporate Affairs Officer, Bòrd na Gàidhlig. E-Mail: [steven@gaidhlig.org.uk](mailto:steven@gaidhlig.org.uk) Mob: 07557 481 081**

STREAP is an online programme run by Aberdeen University, to support Gaelic Medium Teaching. The course was designed by Sabhal Mòr Ostaig, in partnership with Aberdeen University and Cànan.